Galatianach 4[4].

"An uair a thainig coimhlionadh na-h-aimsir, chuir Dia a Mhac féin uaith."

Cha d'rinn Dia, uair air bith, dearmad na dìmeas air ni a chruthaiche. Dhaindeoin easumhlachd is àramach a chinne-daonna, dhaindeoin an droch bhuil gus na chuir iad na comasan is na sochairean a bhuilich e orra, cha d' fhag e an saoghal riamh gun fhianuis air fhéin.

B'e ceum a rùin, agus bha cheud cheum cuideachaidh daonnan aige-san – a thoil a dheanamh aithnichte do dhaoine a réir tomhas an tuigse is am breitheachaidh.

"Dia a labhair o shean, ~~ris na h-aithrichean,~~ gu minic agus air iomadh dòigh, ris na h-aithrichean, leis na faidhean, labhair e, anns na làithean deireannach seo, ruinne le a Mhac, a dh'òrdaich e na oighre air na h-uile nithean – tre an do chruthaich e fòs na saoghail."

Agus an uair 'na 'sheallaidh a bha an t-àm freagarrach chuir e 'Mhac uaith chum gum bìodh na

-h-uile chreideadh air an deanamh réidh ris fhéin tridsan.

Bha sin a réir a rùn shiorruidh, a rinnaich e muin do leagadh bunaitean an domhain.

Tha sinn uile ann an n-eisimeil Dhé airson gach cobhair is gach comhfhurtachd: oir annsan tha againn air bith is ar beatha, agus comas ar gluasaid.

Chunnaic e ro-laimh mar a bha gu tachairt dón duine tre easumhlachd; ach ged a chunnaic, tha e soilleir nach dleasadh an duine móran creideas, ann an suidheachadh anns nach robh e mar fhiacaibh air a'bhuadhan a chuir an céill a thaobhroghainn ordugh Dhé 'neo thoil fhéin.

Ciod chudromach dhuinn - an robh na saoghail air an cruthachadh idir mur an robh e ann an rùn Dhé a ghràdh Athaireil fhoillseachadh is a dhearbhadh air an dòigh a rinn e?

Gu dhuibh, nì solmaichte ri'thoirt fainear - gun robh Dia ann an Criosd a deanamh an t-saoghail réidh ris fhéin.

Agus anns a' ghniomh àghmhor sin b'éiginn do uile-chumhachd na

Diadhachd a bhith air ag gnàthachadh.

Le a 'bhith beachdachadh air an innleachd seo, saoilidh mi nach robh e ann an rùn Dhé meadhoinn eile a ghabhail ann an bìodh a ghràdh air a dhearbhadh cho mòr is cho coimhlionta.

Na 'bheachd cha deanadh na bu lugha an gnothach chum peacaich a thearnadh; agus is adhbhar tamaillte e gum bìodh neach fòin ghréin - caoin-shuarach mun chùis.

A nis aig an àm àraidh ann na chuir e 'Mhac uaith, bha seòl-beatha a chuid bu mhotha de shlòigh an ~~t-tha~~ t-saoghail fo 'bhuaidh tri fheartan.

B'iad sin - dòigh beatha na cràbhadh nan Greugach, nan Romanach, agus 'nan Iudhach;

Agus is ann, mar gum beadh, aig beul-atha nan tri uillt sin, a dhealraich maitheas is coibhneas Dhé, air an t-saoghal, tho ghnùis a 'Mhic, Iosa Criosd.

Bha na Greugaich comharraichte airson saothair an rannsachaidh a thaobh a chuinne-cé is gné an duine; agus bha iad, aig an àm cheudna, fìor ealdhanta ann an obair ealdhainne.

4

Bha iad, mar sin, nan sluagh snasmhor air dòigh 'na dha; agus bha buaidh an deanadais ri' fhaicinn fad' is farsuinn.

Agus bith a Ghreugais caint chumanta an làtha, - caint a bha air leth freagarrach chum an t-Soisgeul a chuir an céill le éireachdas is grinneas.

B'aithne do Phòl an eachdraidh, ~~agus~~ an cànain is ~~am~~ beachdan,

Agus ged a thug an Roimh fo chìs a 'Ghréig - gidheadh ghnàthaich i mòran de an cuid bheachdan is chleachdaidhean.

Bha an Roimh, aig an àm, a sgaoladh sgiathan a h-ughdarrais o Eileanan Bhreatainn gu ruig abhainn Euphratais. Agus fo' riaghladh bha an tùilleadh dìon is tearuinteachd aig daoine gu imrich a dheanamh 'o àite gu àite 'na bha aca riamh roimhe.

Agus a chionn gun robh, gheibhte Iudhaich a tuineachadh, an iomadh ceanna, fo a riaghladh.

Far am faighte iad, bha an t-Sionagog 'nan cois, oir bha iad éudmhor mu chreideamh an aithrichean.

Is minic a thug sin cothrom do

fhiòl airson a theachdaireachd a thuig an ceill, chan ann a mhàin, da luchd-dùthcha, ach, mar an ceudna, do na cinnich, a bha air an àireamh gu bhith ag aoradh maille ruitha.

Bha na h-Iudhaich nan sluagh sònraichte, oir aca-san bha eòlas agus creideamh, nach robh aig na 'slòigh eile, a thaobh Dhé.

Réitich is dh'ullaich na daoine, a 'dh' ainmich mi, ma tà, agus sin gun fhios dhaibh fhéin, am fonn, air dhòigh iongantach airson an t-Soisgeil.

A thuilleadh air sin - mar aon de shaoranaichean nan Roimhe, dhleasadh an t-Abstol sochairean, a bha air leth feumail dha, ann an craobh-sgaoileadh an t-Soisgeil.

Le sin uile 'thoirt fainear, tha e rìas furasda 'thuigsinn gu de 'bha 'na aire, an uair a sgrìobh e, gun do chuir Dià a Mhac uaith an uair a thainig coimhlionadh na h-aimsir.

Iadsan a tha dèir bharail nach ruigear a leas mòran suim a ghabhail de ghnothach cho cudromach ri teachd Mhic Dhé do'n t-saoghal,

thugadh iad fainear ullachadh glòirmhor agus gràsmhor Dhé airson pheacach.

Iadsan a tha dein bheachd gun téid aca air gnothach am beatha a lairinseachadh gun chobhair Dhé - thugadh iad fainear 'na ghlabh a' Mhac os laimh air an sgàth.

Co dhuibh, cha robh dòigh na seòl eile, ann an cuinnse Dhé, chum làn-shaorsa 'thoirt do aon anam; agus cha lugha na làn-shaorsa a thoilicheas Dià na a riaraicheas a chlann.

Cha fhreagradh e diomb a bhith air Dià, na amhuras, na eagal a 'bhith air a h-aon de 'theaghlach.

Ma's i crioch-àraidh an duine Dià a ghlòrachadh is a mhealtuinn gu siorruidh, cha b'urrainn sin a 'bhith gun eòlas Athaireil fhaotainn air.

"Tha na h-uile nithean air an tabhairt dhomh-sa le m'Athair: agus chan aithne do neach air bith cò e am Mac, ach dòn Athair; na cò e an t-Athair, ach dòn Mhac, agus an neach ~~tois~~ dan àill leis a' Mhac 'fhoillseachadh."

7 Is i saor-thiodhlaic Dhé, beatha-
-shiorruidh, ach cha roghnaich neach i
mar a chuid fhéin ma tha e 'deanamh
dheth gun dean e an gnothach, math
gu leòr as a h-aonais. Oir cha do chuir
duine riamh meas iomchuidh oirre
gun e 'bhith ann an dàrireabh.

Bha Dia ann an dàrireabh
an uair a chuir e a' Mhac do'n t-saoghal;
agus bha am Mac ann an dàrireabh,
an uair a dheònaich e uallach ar
peacaidh a ghabhail air fhéin, 's a
'ghiùlain e iad uile 'na 'chorp féin, air a
chrann.

Agus cò 'théireadh nach tigeadh
e dhuinne a bhith ann an dàrireabh
ma tha sinn a tuigsinn a' bheag na
'mhòr de na nìthean a bhuineas do
ar sìth?

Is e prìomh rùin Dhé – a thoil 's
iarrtas, a 'thaobh nan uile dhaoine,
-gun creideadh iad teachdaireachd
a' Mhic, agus tionndadh ris fhéin le
muinighin cloinne.

Bha obair chrìochnaichte
Chrìosd taitneach is tlachdmhor
~~le Dia~~ leis, ach cha roghnaich an t-slàinte

The regent Orléans began by reversing the old policy. He made an alliance with England and Holland, and later the Empire. And a war was fought against Spain. In 1723 the regency ended, and chief minister Fleury practiced economy, preserved peace. But the Anglo-French alliance became unpopular since the true interests of France conflicted with British colonial policy.

sin a tha gu saor dhuinn tre chreideamh, ach iadsan a thuigeas am feum orra, agus a chi a luach ann an sealladh air Criosd a seasamh 'nan àite.

Ach tha barrachd, eadhon, as sin ann an rùn Chriosd, sheas e aig dorus beatha gach aon againn, ag aslachadh oirnn aoidheachd a thoirt dha. Is aithne do gach neach, fa leth-co-dhiubh a dh' fhailtich e thar na stairsneich e no na chum e an dorus duinte air.

Ar leam gur h-e gin tuigse a bheir air neach sam bith a bhith doicheallach ri tadhlaiche cho rioghail is cho fialaidh.

Tha caoin-shuarachas da' thaobh buailteach air gorta is caoile a thoirt air anam an duine, ga fhagail gun deidh gun chail air saor thiodhlaic Dhé.

Nach gnothach bochd e, uile gu leir, a bhith faicinn anam a seargadh as an uair a tha saoibhreas grais Chriosd an tasgaidh do na h-uile leis am miann a ghabhail.

Tha cuid, maith dh'fhaoidte, air a 'bheil faiteas roimh a mhaitheas—eagal orra a chuing a ghabhail idir.

-~~orra~~ a deanamh dheth guin faodadh i smachd nach bu thoil leotha a chuir orra.

Sin an rìnn as na dh'fhag am mac struidhéil tigh athar; ach air dha tighinn ga ionnsaidh fhéin, bha caochladh beachd aige.

Cìod air bith a tha aig an duine 'tha fo chuing a pheacaidh — aon ni nach 'eil aige — is e sin saorsa.

An robh neach riamh air thalamh a bha cho saor ri Mac Dhé? Ach cha b'ith a thoil fhéin a thainig e 'dheanamh ach toil an Athar.

Agus dhearbh e e-fhéin 'na uachdaran air a bheatha 'ta lathair is ri 'teachd. Thug e buaidh air peacadh is air bàs; agus dh'earailich air na chreideadh na ainm — misneach mhaith a bhith aca — ag radh "a chionn gu 'bheil mise beo, bidh sibh-se beo mar an ceudna".

Bha eisimpleir is a theagasg araon a seòladh thun na crìche seo — gun creideamaid gur e Ìosa an Crìosd Mac Dhé, agus air creidsinn dhuinn guin biodh againn beatha troimh ainm.

~~mao guii touite fo~~ '